

Roi-innleachd Coimhearsnachd & Dàimh nan Cineal

RO-RADH

'S e amas a' phàipeir seo cothrom a thoirt do Phoileas Còmhhdail Bhreatainn ar seirbheis dhan choimhearsnachd a tha sinn a' frithealadh a dhaingneachadh, agus mìneachadh a thoirt air mar a tha sinn a' dol a chumail a' leasachadh na seirbheis againn. Airson ar cuideachadh le seo a dhèanamh, tha sinn a' cur feum air, agus ag iarraidh, ur beachdan-se. Bheir sinn an uair sin spèis dhaibh sin nuair a bhios sinn a' dèanamh phlanaichean is phoileasaidhean airson obair poilis an rèile.

GUR FRITHEALADH

Bidh sinn a' bruidhinn ri iomadh neach is buidheann airson faighinn a-mach dè tha sibhse – a' choimhearsnachd againn - dha-rìreabh ag iarraidh. Tha comhairle, caidreabhan is cunntachalachd (tha iomradh gu h-ìseal) aig cridhe na cùis seo. Tha sinn a' cleachdadh ar stòrais gu lèir gu bhith a' leasachadh chaidreabh ach am bi sinn cho èifeachdach 's cho comasach 's a ghabhas.

Tha iomadh dleastanas oirnn air ur son agus tha sinn airson gum bi dàimh eadarainn. Tha cuid agaibh a bhios a' cleachdadh rèile Bhreatainn, no goireasan còmhhdail eile a tha an urra rinn, airson a bhith a' siubhal na rìoghachd no a' lìbhrigeadh bathair. Tha cuid agaibh a' toirt seachad seirbheis, 's dòcha ag obrachadh gu dìreach taobh a-staigh gnìomhachas an rèile no a' lìbhrigeadh a sheirbheisean. No dh'fhaodadh gu bheil sibh a' fuireach sa choimhearsnachd gun a bhith ag obair ann an gnìomhachas an rèile ach gu bheil sibh co-cheangailte ris air dòigh air choireigin. 'S dòcha gu bheil sibh a' fuireach no ag obair ann an àite a bhuineas dhan fheadhainn a tha ag obrachadh an rèile. No 's dòcha gu bheil buaidh air choireigin eile aig an rèile air ur beatha.

Ge b'e dè ur ceangal ris, dh'fhaodadh eucoir co-cheangailte ris an rèile bualadh oirbh. Dh'fhaodadh sibh a bhith nur fianaisean air eucoir, a bhith air ur leòn no bhith ann an tubaist.

Tha iomadh taobh air an obair againn. Feumaidh sinn a bhith ann airson a' choimhearsnachd againn a chuideachadh, gu h-àraidh an fheadhainn a tha ciorramach no a dh'fhàsas tinn no a thèid a leòn fhad's a tha iad a' siubhal. Tha sinn a' cur romhainn cuideachadh a thoirt do theaghlaichean 's do chàirdean nan daoine air am buail eucoir co-cheangailte ris an rèile. Ach tha dleastanas oirnn cuideachd buidhnean eile taobh a-staigh siostam ceartas na h-eucorach a fhrithealadh a chum maith a' mhòrshluaigh.

COMHAIRLE

Airson ar n-obair a dhèanamh gu math agus plana a' phoilis a leasachadh, feumaidh sinn èisteachd a thoirt do na feumalachdan agaibh. 'S ann air sgàth sin a bhios sinn ag iarraidh ur comhairle tric, an dara cuid gu dìreach no gu neo-dhìreach tron luchd caidreachais againn, mar eisimpleir, le bhith a' dèanamh rannsachadh bheachd no a' cumail choinneamhan taobh a-staigh gnìomhachas an rèile no anns na coimhearsnachdan ionadail. Ge b'e dè an dòigh air am faigh sibh brath, tha sinn a' cur luach air ur beachdan.

CAIDREABH

Tha lìon iom-fhillte de chaidreabhan gar cuideachadh le ar n-obair agus gu bhith a' feuchainn ri amasan an roi-innleachd againn a choilionadh.

Tha sinn an-còmhnaidh a' sireadh chaidreabh ùr a chuidicheas sinn gur frithealadh. Bidh sinn cuideachd ag ath-sgrùdadh a' chaidreachais a tha ann mu thràth airson a bhith cinnteach gu bheil sinn a' dèanamh na feum as fheàrr as urrainn dhuinn dhe ar stòras. Tha sgèama nan Stèisean Tèarainte na dheagh eisimpleir de chaidreabh obrachaidh eadar gnìomhachas an rèile, an riaghaltas agus sinn fhèin.

CUNNTACHALACHD

Tha sinn cunntachail aig iomadh ìre. Mar eisimpleir, tha am Prìomh Chonstabal cunntachail do Chomataidh a' Phoilis agus, tron chomataidh, do na caidreabhaich maoinachaidh a tha a' dèanamh suas gnìomhachas an rèile agus a tha a' toirt seachad stòras a' phoilis.

Tha na Ceannardan Sgìreil againn cunntachail dhan Phrìomh chonstabal. Tha pàirt bhunaiteach aca ann a bhith ag obrachadh còmhla ri buidhnean eile agus gar cuideachadh a' dèanamh ar cuid obrach agus a' leasachadh sàbhailteachd coimhearsnachd. Bidh na Ceannardan Sgìreil a' coinneachadh gu h-ionadail ri riochdairean o Railtrack agus companaidhean thrèanaichean eile, luchd obrachaidh siostaman còmhdhail, companaidhean bathair 's mar sin air adhart. Bidh iad cuideachd a' frithealadh choinneamhan Ughdarras Còmhdhail an Luchd Siubhail agus coinneamhan Comataidhean Comhairleachaidh Luchd Cleachdaidh an Rèile.

Tha sinn cuideachd a' toirt cothrom do bhuidhnean co-cheangailte ris an rèile agus luchd siubhail bruidhinn rinn mu phàtarain eucorach agus mar a tha sinn a' dèiligeadh riutha.

DLEASTANASAN ¹

Tha iomadh dleastanas oirnn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn a' bruidhinn ris a' choimhearsnachd, ag obair ann an caidreabhan agus gu bheil sinn gu tur cunntachail:

A' leasachadh chaidreabhan agus comhairle ²

Airson sàbhailteachd is tèarainteachd a leasachadh, tha sinn ag obair an-dràsta air a bhith a' toirt piseach air modhan obrach agus a' stèidheachadh chaidreachas ùr tro chaidreabhan eucorach is mìrian agus tionnsgalan sàbhailteachd coimhearsnachd.

Taic do luchd siubhail ³

Airson eucoir a lughdachadh agus ar n-aghaidh a chur air eagal ro eucoir air an rèile gu lèir, tha sinn a' sireadh ur comhairle agus a' faighinn a-mach mu na feumalachdan agaibh.

Taic do choimhearsnachdan a tha faisg air rèile ⁴

Tha sinn airson ur misneachadh gu bhith gar cuideachadh a' toirt an aghaidh air eucoir co-cheangailte ris an rèile. Tha sinn a' cruthachadh chaidreabhan airson ur dìon, gu h-àraidh clann agus inbhich uireasbhach a tha furasta brath a ghabhail orra, o chunnart co-cheangailte ris an rèile, gu h-àraidh cunnart o bhith ann an àite nach bu chòir dhaibh agus obair millidh.

Eucoir fuatha ⁵

Tha sinn ag obair cruaidh gus an earbsa agus a' mhisneachd a tha aig mion-chinnidhean annainn a chur am meud, agus a bhith ag aithneachadh agus a' cur stad air ionnsaighean cinealach, eucoir fuatha agus nithean a tha a' tachairt air sgàth fuath agus claon-bhàigh.

A' cur luach air iomadachd ⁶

Tha sinn a' trèanadh an luchd obrach againn gu bhith mothachail air cùisean co-cheangailte ri iomadachd dualchais, gnè agus cinnidh. Tha sinn ag obair airson cur às gu tur de chinnidheachd taobh a-staigh bhuidhnean is dhreuchdan agus tnùth de sheòrsa sam bith. Tha sinn a' cur luach air iomadachd sa bhuidhinn againn agus sa choimhearsnachd a tha sinn a' frithealadh, agus tha sinn a' sireadh comhairle air Buidhinn Lorg na h-Iomadachd againn air gach cuspair dhen phoileasaidh leasachaidh againn.

Fosgailteachd ⁷

Tha sinn ag obair san fhollais agus a' mìneachadh gach rud a nì sinn cho fad 's as urrainn dhuinn leis an lagh.

FAIRE AGUS MEASADH

Tha sinn an-dràsta a' tional agus a' cumail suas chomharran coilionaidh iomchaidh a bhios sinn a' foillseachadh gu cunbhalach.

Tha Comataidh a' Phoilis a' dèanamh cinnteach gu bheil Neach-Sgrùdaidh Phoileas na Bàn-rìghinn a' sgrùdadh na tha sinn a' dèanamh gu cunbhalach. Tha modhan obrach mar seo gar cuideachadh a bhith ag aithneachadh fiosrachadh coilionaidh iomchaidh ach an tèid againn air an obair a mheasadh agus a leasachadh.

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Tha an t-uallach airson na roi-innleachd seo air a' Phrìomh Chonstabal, agus tha an Iar Phrìomh Chonstabal (Alba) a' cumail sùil oirre. 'S ann air-san a tha an t-uallach gu nàiseanta airson an roi-innleachd a thoirt air adhart. Tha uallach air Ceannardan Sgìreil airson a coilionadh air feadh na Feachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Poileas Còmhdhail Bhreatainn, an structar againn agus Roi-innleachd Coimhearsnachd & Dàimh nan Cineal, theirigibh chun an làrach lìn againn aig www.btp.police.uk, no cuir fòn gu 020 7830 8807 no facs 020 7830 8870.

Nòtaichean

- 1 Tha iad seo uile stèidhte air plana gnìomh; airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Aonad na Coimhearsnachd & Dàimh nan Cineal air 020 7830 8807.
- 2 Gnìomh an urra ri Fo Phrìomh Chonstabal (Alba)
- 3 Gnìomh an urra ri Ceannardan Sgìreil
- 4 Gnìomh an urra ri Ceannardan Sgìreil
- 5 Gnìomh an urra ri Fo Phrìomh Chonstabal (Obair na Sgìre) agus Ard Stiùiriche nan Lorg Phoileas
- 6 Gnìomh an urra ri Fo Phrìomh Chonstabal (Taic Obrachaidh)
- 7 Gnìomh an urra ri Stiùiriche Mheadhanan na Feachd

British Transport Police, 15 Tavistock Place, London WC1H 9SJ
Saorfòn 0800 405040, D-phost: tom.walsworth.btpolice@ems.rail.co.uk
www.btp.police.uk